



National  
Museum of  
Scotland

Sin thu! 'S e isean  
Ceann-fionn an Rìgh a th'  
annam. Lean mise mar a leanadh  
ceann-fionn. Sgaoil a-mach d'  
òrdagan, sìn a-mach do phliutan  
agus tiugnamaid!




# Slighe a' Gheamhraidh

## 1 Gaileiridh Fashion and Style (Fasan is Stoidhle) Ìre 1


An toigh leat a bhith a' cur aodach  
diofraichte ort?

 Tagh an t-aodach  
pàrtaidh ceart  
sa ghaileiridh seo.



### An robh fios agad?

Tha an dreasa Mantua fillte  
agus bhiodh i uabhasach  
trom! O chionn fhada, bhiodh  
dresaichean mar sin gan cosg  
aig cuirmean mòra a leithid  
pàrtaidh co-latha-breith rìoghail.


 'S e boireannach uasal a chosgadh an dreasa seo.  
Feuch agus glùn a lùbadh no bèic a dhèanamh dhi!

## 2 Gaileiridh Living Lands (Tìrean beò) Ìre 1


An urrainn dhut am masg fiodh sònraichte seo a lorg a rinn  
na Yup'ik a tha a' fuireach ann an Alaska is Siberia?

### An robh fios agad?

Tha aghaidhean-coimheach Yup'ik gan  
cosg ann an dannsaichean aig cuirmean  
sònraichte. Bithear ag innse sgeulachdan  
leotha a cheanglas saoghal nan daoine, nan  
ainmhidhean is nan spioradan tro dhannsa.



 Seall do chàch an gluasad dannsa as fheàrr leat!



### 3 Gaileiridh Animal World (Saoghal nan Ainmhidhean) Ìre 1

✿ 'S e deagh leisgeul airson pàrtaidh a th' ann an co-latha-breith!

Coisich a-null do ghaileiridh *Animal World* airson Ceann-fhionn an Rìgh is a h-ugh a shireadh.

✿ An urrainn dhut dà ainmhidh eile is an uighean a shireadh?



#### An robh fios agad?

Bidh Cinn-fhionn an Rìgh a' breith an cuid uighean sa gheamhradh. Bidh iad a' gleidheadh nan uighean air muin an casan. Tha na h-iseanan aca donn agus clòimheach.

### 4 Gaileiridh Performance and Lives (Taisbeanadh is Beatha Dhaoine) Ìre 3

Tha innealan-ciùil à diofar cheàrnaidhean den t-saoghal rin lorg shuas an staidhre sa ghaileiridh *Performance and Lives*.

✿ An urrainn dhut rudeigin a shèideas tu, a bhuaileas tu is a chrathas tu a lorg.

✿ Cruthaich an ceòl pàrtaidh agad fhèin air an inneal-chiùil eadar-obrachail againn.




#### An robh fios agad?

Thòisich mac an duine air ceòl a dhèanamh o chionn nam mìltean de bhliadhnaichean. Tha fideag anns a' ghaileiridh *Early People (Sluaghan Tràth)* a tha mu 5000 bliadhna a dh'aois!

## 5 Gaileiridh Animal Senses (Mothachadh Ainmhidhean) Ìre 3

'S e geama pàrtaidh math a th' ann am falach-fead. Theirig don ghaileiridh *Animal Senses* airson eun a shireadh a tha am falach fon t-sneachd.

 **Cia mheud creutair falaichte eile as urrainn dhut a lorg?**



**An robh fios agad?**

'S urrainn don tarmachan a dhath atharrachadh! Fàsaidh e cho geal ris an t-sneachd sa gheamhradh.

## 6 Gaileiridh Design for Living (Dealbhachadh is Sgeadachadh) Ìre 5

Tha sinn a' dìreadh gu làr eile airson beagan sgeadachaidh.

 **Feuch agus dà bhrat-balla le May Morris a lorg.**




**An robh fios agad?**

O chionn còrr is 100 bliadhna, chuir May Morris Comann-cheàrd Ealain nam Ban air bhonn a chionn is nach robh ballrachd Chomann-cheàrd Luchd-obrach nan Ealainean ceadaichte do bhoireannaich.





 **Am faic thu an coineanach aig bonn gach brat-balla?**

 **Cia mheud eun a th' ann uile gu lèir?**

## 7 Gaileiridh Art of Living (Ealain Làitheil) Ìre 5

Tha pàrtaidhean teatha air leth!

- Feuch an lorg thu poitean-teatha an cumadh muncaidh, ailbhein is càil-colaig sa ghaileiridh seo.




### An robh fios agad?

Bha uair ann nuair a bha teatha cho daor is gum biodh daoine ga ghlasadh ann an cisteachan sònraichte airson a chumail sàbhailte.

- Dùbhlán na Poit-teatha: Ma gheibh thu làn 4 cupannan teatha à aona phoit-teatha, cia mhead poit a tha a dhìth airson 12 chupa a lionadh le teatha?

## 8 Gaileiridh Rediscovering Ancient Egypt (An t-Seann Èiphit Às Ùr) Ìre 5

Cò nach eil ag iarraidh dèideag ùr mar phrèasant aig pàrtaidh? Tha dèideagan sa ghaileiridh seo a tha mìltean bhliadhnaichean a dh'aois.



### An robh fios agad?

Cha deach a' mhòr-cuid de chloinn don sgoil san t-Seann Èiphit. Dh'fhuiricheadh iad aig an taigh airson am pàrantan a chuideachadh.

- Feuch an lorg thu luch, dòtaman agus ball. Am bi thu fhèin a' cluich le gin de na dèideagan seo?

'S math a rinn thu. Tha mi an dòchas gun do chòrd an turas agad riut don taisbeanadh gheamhraidh againn. Thoir sùil air ais a-nis feuch cia mhead turas a chunnaic thu mi. Beannachd leat!

